

Harris Fishing Heritage Project 2007

Interview with Kenny MacKay (KMK) and his wife Jessie, Scalpay

(Original Transcript in Gaelic)

NB:

...denotes pauses in speech

[...] denotes text which has been edited out

JMD: *Seo Jo NicDhòmhnaill ann an Sgalpaigh air an t-seachdamh latha dhan Lùnastal 2007 còmhla ri Seasag agus Coinneach MacAoidh. Agus tha sinn a' dol a bhruidhinn mu dheidhinn an iasgaich ann an Sgalpaigh. Tha fios agaibh fhèin air an t-uamhas mun iasgach co-dhiù, tha fios 'am.*

KMK: Uill, thèid mise air ais cho fada 's a tha cuimhn' 'am co-dhiù air a h-uile càil. 'S ann sna *late forties* agus *fifties* – sin cho fad 's a thèid mise air ais na mo chuimhne air an iasgach.

JMD: *Uill, tha sin a' dol air ais deagh phìos.*

KMK: Agus an uair sin an t-iasgach a bha dol ann an Sgalpaigh 's ann le *zulas*. Eathraichean fiodha agus 's e *driftnets* a bha iad ag obair.

JMD: *Ciamar a bha sin ag obair a-nis?*

KMK: Lìn...bha 'd air an cur còmhla ri chèile...seachd 's a h-ochd anns a h-uile fleet...agus bhiodh iad as a' gheamhradh gan cur anns na lochan...timcheall nan lochan seo fhèin agus sìos a Leòdhas agus suas a bhad sam bith...cho fada ri Barraigh uaireannan. Agus bha iad a' faighinn an deagh iasgach. Agus an uair sin as t-samhradh 's ann a-muigh air na bancannan a bhiodh iad ag obair. A-mach air a' bhanca deas a seo...a mach às Geocrab...mu thrì mìle a-mach à Geocrab bhiodh iad ag obair air na bancannan sin. A-mach a tuath air an t-solus a Sgalpaigh...an Fhadhail Cham an t-ainm a bh' air an àite...'S bhiodh iad a' drifteadh an uair sin...'s ann a' drifteadh a bhiodh iad leis na lìn...

JMD: *An ann dìreach a' leigeil leotha a bhith a' falbh leis an t-sruth a bha iad?*

KMK: 'S ann...leis an t-sruth. Agus oidhcheannan bhiodh iad a' faiginn agus oidhcheannan eile cha bhiodh...'s ann as a' gheamhradh a bu mhotha a bha iad a' dèanamh a dh'iasgach.

JMD: *Dè bha sna bancannan?*

KMK: Chan eil ach an grund a' fàs tana. Bhiodh iad a' dol a-mach faisg air an tanalachd sin agus feumaidh a-nis gun robh an sgadan timcheall nam bancannan a bha sin. Chionn...nuair a bha iad a' drifteadh bha e a' dependeadh mar a bha an sruth. 'S bha iad ag allowaigeadh airson seo...nam biodh an sruth a' dol gu tuath bha iad a' cur shuas aig deas...'s nam biodh an

sruth a' dol gu deas bhiodh iad a' cur aig tuath oir chionn nan tigeadh iad tarsainn air an spot ...far an cleachdadh iad a bhith a' faighinn an sgadain...

JMD: *Am biodh an sruth ag atharrachadh gu math tric?*

KMK: O uill, tha an sruth 's ann a h-uile sia uairean a thìde a th' e [ag atharrachadh] ach a-muigh ann a shiud, air na bancannan tha siud tha iad a' cumail a-mach gu bheil trì uairean a thìde a dhifference ann ris a' chladach. Tha an sruth ag atharrachadh aig a' chladach trì uairean a thìde nas luaithe na tha e a-muigh am meadhan a' Mhinch. Nam biodh e ag atharrachadh aig a' chladach aig sia uairean as t-oidhche...sin agad an reothart...muir-làn... bhiodh e naoi uaireann mus biodh an tràghadh a' tilleadh a-muigh. An taobh eile nam b'e an tràigh a bhiodh ann aig uair feasgar bhiodh e ceithir uaireann mun tilleadh e a-muigh...a' lìonadh. Bha e iongantach mar a bha e ag obair. A-nis tha àiteachan tur eadar-dhealaichte ann...àiteachan eile chan eil e cho fada gun tilleadh... 's a' tilleadh nas luaithe. Ach sin mar a bha na driftearan ag obair.

JMD: *Agus dè an ùine a bhiodh ann eadar a bhith gan cur agus gan togail?*

KMK: Nuair a bha iad gan cur anns na lochan air an oidhche bhiodh iad uaireannan gam fàgail fad na h-oidhche ann...fhios agad bha 'd air acraichean aca...bhiodh iad a' dol a-mach as a' mhadainn gan tarraing. Ach a' drifteadh bhiodh iad gam fàgail...bhiodh e a' dependadh nam biodh comharradh air...bhiodh an sgadan an-còmhnaidh a' cluiche...na bhiodh iad ga chluinntinn a cluiche no bhiodh iad uaireannan ga ghlacadh le duirgh a bh' aca.

JMD: *O robh cuideachd?*

KMK: O bha...nam faigheadh iad comharra dhan a sin 's dòcha nach fàgadh iad cho fada iad. Sin mar a bha iad ag obair nan drifts.

JMD: *Dè cho mòr 's a bha na h-eathraichean seo aig an àm?*

KMK: Bha dà fhichead troigh annta...tha dealbhannan aig Dòmhnall Eòghainn dhiubh san Acarsaid a Tuath...bha iad mòr...bha iad 38 agus 40 ft agus feadhainn aca nas motha. Bha eathraichean na bu lugha na sin cuideachd aca ag obair. Nuair a dh'fhalbh mi fhèin às an sgoil ann an 1954 tha mi smaoinichadh bha mi a-muigh ann an eathar...bha m'athair innte agus chaidh mi a-mach na àite agus 's e eathar beag a bh' ann... 'S e deich troighean fichead a bh'innte agus bha sinn ag iasgach anns na lochan ann a sheo. A' chiad iasgach a rinn mise 's ann aig na drifts. Bha mi air an *Scalpay Isle*. Nuair a bha thu a' dol dha na h-eathraichean an toiseach 's ann a' cuibhleadh a bha thu ...air a' bhall...bha thu shìos ann an toll a bha sgriosail...bha am ball a-tighinn a-nuas 's an t-uisge 's an *jelly fish* [...] agus...

JMD: *Dè bha sa bhall a-nise?*

KMK: *Spring* a bh' aca air a lin...bhiodh e a' tighinn a-nuas... bha a h-uile càil a bha shuas a' tighinn a-nuas...*O job terrible*.

JMD: *Bhiodh e fuar?*

KMK: Bha 's bha e mì-chàilear. Cur na mara cuideachd an uair ud cha b' e a b' fheàrr! Siud ma tha a' chiad obair a bh' agamsa anns na h-eathraichean.

JMD: *'S an ann air a' Scalpay Isle a bha sibh an toiseach?*

KMK: Chan ann ach air tè air an robh am *Margot*. 'S ann aig fear thall a seo a bha i...athair a' mhatron a bha sa home...MacLennan...sin fear aig an robh i. Ach mu dheireadh 's e na balaich òga. Bha mi fhèin 's balach le Seonaidh Iain Mhòir 's balach le Aonghas Iain Mhòir – sin agad an dithis bhràithrean agus balach le Murchadh Alasdair a bh' innte agus balach leis an fhear leis an robh i... och bha sinn a' dèanamh an deagh iasgach an uair sin. Sin a' chiad start. Bha mi an uair sin a-muigh dreiseag sa *Mhaighdeann Hearach*. Bliadhna.

JMD: *Cò aig an robh a' Mhaighdeann Hearach?*

KMK: Aig *Cunningham*. Sin agad na Cunninghams aig an robh na *coasters* an seo. Chaidh mi an uair sin air na coastairean 'son dreiseag.

JMD: *Dè bha sna coastairean?*

KMK: Bhiodh iad a' tarraing *stuff*. Cargothan guail 's bhiodh iad a' dèanamh gual nan taighean-solais is gual nan taighean-sgoile 's gual nan taighean an seo bhiodh iad ga dhelivreadh.

JMD: *Cha robh iad sin ag iasgach ann?*

KMK: O cha robh. Bha mi dhà no trì bhliadhnaichean air a sin agus dh'fhalbh mi an uair sin gu muir – *deep sea*. Ach bha nòisean an iasgaich still ann. An uair sin anns na 1960's thàinig a' *Highland Development Board timcheall* agus bha iad a' toirt *grants* seachad airson eathraichean. Bha Mosaidh [...] *desperate* faighinn dhachaigh chun an iasgaich agus ??...Dollan 's Iain 's ann ag iasgach a bha iad...bha iad sin still anns na h-eathraichean...Uill thàinig mise dhachaigh ann an 1966 bhon an t-seòladh agus chaidh mi a-mach ann an eathar anns a' Chaol air an robh an *Joanne*. Bha i ag obair an seo còmhla ris an *Scalpay Isle* leis an ringnet agus chuir sinn a-staigh airson eathar ùr an uair sin ann an 1968. Ach dh'fheumadh sibh falbh a dh'Obar Dheathain agus tiocaid a shuidhe. Chan fhaigheadh sibh air na h-eathraichean ud gun tiocaid a shuidhe... bha iad seachad air an tonnage. Bha mi fhèin agus Muma, Dabhaidh, Eòghainn Aonghas Iain Mhòir aig an robh an *Jasper*...bha còignear againn a-muigh ann an Obar Dheathain còmhla a' suidhe an tiocaid. 'S ann an 1969 a thàinig an *Scalpay Isle* agus an *Jasper* agus an t-eathar aig Murchadh ann ann an 1969 a thàinig i...am *Britannia* agus ...uill bha an *Ribhinn Donn* aig Iain...fhios agaibh Alasdair...Bha i sin ann rona sin...'s e tè bheag a bh' innte...cha robh i cho mòr... agus thàinig an t-eathar againne ann an *October* 1970. Bha mi fhèin agus mo thrì bhràithrean innte agus balach à Ratharsair – tha e pòsta aig tè à seo. Agus bha Ruairidh a bha shuas ann a sheo...uill cha robh e a' bhliadhn' ud innte...'s ann às dèidh sin a chaidh Ruairidh innte. Ach 's e an ringnet a bha a' dol an uair sin.

JMD: *Cò aig an robh a' chiad ringnet ann an Sgalpaigh?*

KMK: Bha ...tha mi smaoinichadh gur e an *Try Again* a dh'fheuch e an toiseach gun tàinig a' *Mhaighdeann Hearach*. Saoilidh mi gur e an *Try Again* – aig athair Muma – agus saoilidh mi gur e *Choice* a bh' air an eathar eile a bha còmhla riutha ag obair air ...ach cha robh e cho math idir...cha robh *facilities* gu leòr anna...ach nuair a thàinig a' *Mhaighdeann Hearach* an uair sin ann an 1950...chaidh an uair sin an *Try Again* còmhla rithe agus fhuair iad an uair sin an *Scalpay Isle*.

JMD: *Bha sibh ag ràdh nach robh iad airson an ringnet an toiseach?*

KMK: Cha robh. Bha iad na aghaidh.

JMD: *Dè bh' aca nan aghaidh?*

KMK: O gun robh e dol a chur às dhan an sgadan fhios agad. Gun robh iad a' glacadh cus dheth. Ach thòisich iad an uair sin air. Ach 's e dòigh math iasgach a bh' anns an ringnet. O 's e. 'S e dòigh math iasgach a bh' ann.

JMD: *Bha e na b'fheàrr na 'n driftnet?*

KMK: O bha, bha. Tha cuimhn' agamsa anns an a1970a a bha siud bha *klondykers* a' tighinn a-nall às na *Faroes*...bàtaichean mòra fiodha 's iad a' tighinn a Steòrnabhagh 's...*pickled herring* a bha iad a' dèanamh air...*sugar spices*...o bha e mìorbhaileach...bha na mìltean ac' ann. Barailean ann an Steòrnabhagh....bha sin anns na *seventies*. Bha an t-àite *thriving* an uair sin. Bha 'd a' toirt prìs na b'fheàrr air na bha iad *local* fhios agad.

[PAUSE]

O bha iad *superstitious*.

Nam faiceadh iad cailleachan nach robh a' còrdadh riutha....bha 'd ag innse uaireigin ann a sheo...chan eil cuimhn' 'am an e An *Golden Rule* a bh' ann no an e an *Industry* a bh'ann...bha an criubha a' coiseachd a-staigh an rathad...thachair am boireannach a bha seo riutha agus chan eil fhios agamsa cò am boireannach a bh' ann no dè a bha iad a' faicinn ceàrr oirre chan eil càil a dh'fhios 'am...ach bha iad an uair sin ann an eathraichean beaga ann a sheo agus ag iomradh a-mach chun nam bàtaichean mòra agus nuair a thàinig an criubha sin a-staigh bha criubha a' bhàta eile a' dol sìos deiseil airson falbh agus bha fear dha na balaich co-dhiù.. “Uill chan eil sinn a' falbh a-nochd idir.” “Carson?” Thuirt am fear eile “Thachair a leithid seo a boireannach rinn.” Rinn an dà chriutha *about turn* agus a-mach dhachaigh.

JMD: *'S cha deach iad a-mach idir?*

KMK: Cha deacha iad a-mach idir. Cha deach iad a-mach idir.

JMD: *Bha 'd a' creidsinn cho làidir siud ann.*

KMK: Bha 'd a' ceidsinn cho làidir siud ann. Agus nam biodh sibh a' wearadh stocainnean crotail uaine ann am bòtannan a' dol gu muir chartadh iad dhachaigh sibh. Na seann bhodaich. O cha robh iad air a shon idir ge brith dè bha dol chan eil fhios 'am. [...]

JMD: *An ann chionn gu robh iad air an dath leis a' chrotal?*

KMK: Feumaidh gur e...dath uaine...cha robh càil aca mu uaine..

JMD: *Dìreach uaine?*

KMK: Uaine. Bha mise troip a' tighinn a-nall agus am fear seo [...] a-nall an rathad agus còta uaine oirre agus thug e dìreach *how dos* an duine dhuibh dhi!

JMK: Thill e nuair a chunnaic e mise leis a' chòta uaine agus rinn e *about turn* agus dh'fhalbh e dhachaigh!

JMD: *Chionn gun robh an t-uaine oirbh!*

KMK: Bha tòrr naidheachdan a' dol...Chan eil fhios 'am am bi cuimhn' aig Dolaidh. Bidh cuimhn' aige air na seann eathraichean. Aig Dolaidh am bàrd – D.R. Morrison. Tha cuimhn' aigesan air a' chiùradh 's air na h-eathraichean sin.

JMD: *Tha còir agam a dhol a bhruidhinn ris cuideachd.*

KMK: O tha. Tha Dolaidh...tha cuimhne mhath aig Dolaidh.

JMD: *Ciamar a bhiodh iad a' dèanamh a-mach gun robh na cailleachan sònraichte a bha seo gun robh droch luck annta?*

KMK: O bha iad a' faicinn rudeigin nach robh...

JMD: *Ach cha b' e a h-uile cailleach idir?*

KMK: O cha robh ann ach feadhainn.

JMD: *An e gun robh an dàrna-sealladh aca no càil dhan t-seòrsa sin?*

KMK: O feumaidh gur e.

JMK: Bha 'd a' ràdh gun robh n dàrna sealladh aca. Uill, bha iad a' ràdh gun robh ann a sheo uaireigin...nam biodh crodh aig daoine...iad a' call a' bhainne.

KMK: Bha cailleachan ann a sheo...chan eil mi dol a dhiscloseadh an ainm aca idir...O an *Industry* a bha seo. Bha bodach innte agus bha e uabhasach *comic* agus bha cailleach a-muigh ann a sheo ...agus o cha robh càil agam mu deidhinn...bha i ag obair mun a' chladach ann a sheo...bha an taigh ac' ann... Bha clach mhòr ann agus bha iad an-còmhnaidh ga faicinn a' dol timcheall air

a' chlach a bha seo am bun a' chladaich agus sìos air ais...sìos is suas agus chan eil fhios am dè an *carry on* a bh' aice ach co-dhiù cha robh an t-eathar a bha seo a' faighinn càil. Bha na h-eathraichean eile a' faighinn sgadan agus o bha iad fed up. Am bodach a bha seo co-dhiù bha e san toll an oidhche a bha seo agus 's ann a dh'èirich ròn mòr an taobh thall agus thuirt e "O siud agad i! Tha i muigh a siud!"

JMD: *Ha ha! Bha dùil aca gur e a' chailleach a bh'ann!*

JMK: O bha. Bha tòrr an uair sin.

KMK: Chan eil iad a' creidsinn ann an càil dhan a sin an-diugh.

JMD: *Chan eil. Cuiridh iad orra dath sam bith?*

KMK: O cuiridh.

JMD: *Cuin a dh'atharraich sin matha?*

KMK: Uill nuair a thàinig na h-eathraichean mòra a bha siud mu dheireadh cha robh guh air càil dhan a sin an uair ud.

JMK: Rud eile cuideachd...*they didn't believe in it...Swan matches.*

KMK: Cha robh!

JMK: *Swan matches.*

KMK: O cha robh iad airson na *Swan matches* idir. Fhios agad na bogsaichean mòra. Cha robh, cha robh.

JMK: Bha dealbh *swan* air an taobh muigh aca.

JMD: *'S bha iad a' smaoinichadh gur e droch luck a bha sin?*

KMK: O bha. Chan eil fhios am an ann car an eala a bhith air no dè bh'ann. Bha cailleach eile ann a sheo, Mòr Choinnich an t-ainm a bh'oirre...tha mi creidsinn gum bi fios aig d'athair air an ainm agus o bha i uabhasach *lucky* nam biodh i a' coinneachadh ri iasgairean a' dol gu muir.

JMK: Boireannach math a bh'innte.

KMK: Bha fear a bha seo co-dhiù bha e thall sa bhùth...thall an seo 's ann aig Dòmhnall Bùidsear a bha i an uair ud...bhùth bheag a bh'innte. Bha i innte. Dh'fhoighnich e dhith "Saoil a bheil sinn a' dol a dh'fhaighinn càil a-nochd a Mhòr?" "Bidh sibh làn gu na hatchaichean", thuirt i. Cha tuirt i an còrr. Dh'fhalbh iad...o mar a thuirt bithear: bha iad full up. Ach co-dhiù dreis mhòr as dèidh sin bha Fionnlagh Mòr...'s e Fionnlagh Mòr an t-ainm a bh' air... bha e a' fuireach shuas an Catha ann a sheo...gun robh e air a dhiochuimhneachadh...'s ann a bha i thall sa bhùth agus thàinig e "Bheil sinn

dol a dh'fhaighinn càil a-nochd a Mhòr?" Gheall e dhith gun toireadh e dhith paidhir *tights* nam faigheadh iad sheot...fhios agad nan lionadh iad i... "Bu shona dhan gealladh tu 'm bàs" thuirt e rithe. Cha tug e dhi na *tights* riamh. Seall cho smart 's a bha i!

O bha 's ministear. [...] Cha robh iad airson gun tigeadh ministear air bòrd idir. O no.

JMD: *'S ann a chanadh tu gum biodh iad airson sin.*

JMK: Bha Seumas Beag, bràthair Ciorstag Iain Bhig...tha cuimhn' agamsa oidhche 's e staigh againn bha na h-eathraichean a' falbh gu muir suas *between 5 and 6*. Thuirt e "Tha mi nise a' fabh dhan a' Chnoc Riabhach." Bha sin ..far a bheil Margaret 's Kenny a' fuireach shuas dhan a' chnoc 's e dol a dh'ùrnaigh air a son...airson nan eathraichean.

KMK: 'S e bha sin ach na h-Amhaich fhios agad...cha robh e cho dona an seo an car siud. Ach bha sinne ann an Ùige agus bha Tormod bràthair Sheumais air tighinn dhachaigh. Bha *Rosehall* – sin an t-ainm a bh' air an eathar às Amhoch – ri taobh a' chidhe agus chunnaic iad a' tighinn e...shioft iad a-mach an t-eathar agus leig iad an *Scalpay Isle alongside* ach am faigheadh e innte. Cha leigeadh iad tron eathar idir e. Cha leigeadh iad tron eathar idir e...shioft iad a-mach.

JMD: *Dìreach ministearan?*

KMK: Aidh, ministearan.

JMK: Chanadh tu gur e ministearan na *first ones*.

JMD: *Ach miseanaraidhean no ..bha sin alright?*

KMK: O fhad's nach robh an colair orra fhios agad.

JMK: Chan eil fhios am am faigheadh iad innte nan toireadh iad dhiubh an colair?

KMK: O Thia, cha bhiodh fios aca gur iad a bh' ann. O shioft iad a-mach i!

JMD: *Saoil dè dh'adhbhraich sin? An do thachair rudeigin uaireigin le ministear?*

KMK: Chan eil fhios 'am a-nis. Cha chuala mi. Chan innseadh iad càil. Dh'èigh an sgiobair aice "*Is he coming aboard?*" 'S thuirt e...'s e athair Muma a bh'ann no Muma fhèin "*Yes.*" "*O not til we move out.*"

JMD: *Ach cha robh iad mar sin an Sgalpaigh idir?*

KMK: O cha robh. An Ùige an Eilean Sgitheanaich. Ach dhèanadh iad an aon rud a Ach dhèanadh iad an aon rud an seo ged a bhiodh iad ann. Cha robh iad airson gun tigeadh iad air bòrd idir. Ach 's e criubhachan Amhach a bha siud

às an Eilean Dubh fhios agad. 'S e iasgairean a bh'annta. Bha iad mun a seo an-còmhnaidh ag obair.

JMD: *Ach cha robh na h-iasgairean Sgalpach a' creidsinn ann a shin ann?*

KMK: O cha robh. Ach tha *different*...creideamh aig daoine fa leth. 'S e balaich uabhasach snog a bha sna h-Amhaich a bha siud. Siud mar a bha na cailleachan co-dhiù. An fheadhainn a bha *lucky* bha iad a' gabhail riutha agus an fheadhainn nach robh cha robh càil aca mun deidhinn!

JMD: *Agus cha robh iad airson uaine a bhith ort idir sna h-eathraichean?*

KMK: Cha robh.

JMD: *An robh dathan sam bith eile ann?*

KMK: 'S e an t-uaine...an t-uaine. Frocaichean uaine...an crotal a bha siud bha 'd...

JMD: *Chionn gu bheil e a' tilleadh chun nan creagan an e sin a bh' ann?*

KMK: Chan eil fhios 'am dè bu choireach ach bha iad *dead* na aghaidh. Cha robh iad airson coinneachan ri duine le uaine idir. Bha boireannaich ann a sheo cuideachd...màthairean nan sgiobairean...bha 'd *dead against* rud dhan t-seòrsa sin.

JMD: *Rud uaine a bhith ort idir?*

KMK: Aidh!

JMK: Dùthag fear a bh' ann a sheo ann an Sgalpaigh...cha robh càil aige mu dheidhinn uaine...

JMD: *Fìù's ann an taighean no am bad sam bith?*

KMK: Gu h-àraid a' dol gu muir.

JMK: Cha robh càil aige mu dheidhinn uaine co-dhiù.

KMK: Sin rud eile a bha iad a' dèanamh uaireigin ann a sheo. Uill, tha mi creidsinn gur e rud math a bha sin gun teagamh. Bha iad ag obair air a' ghiomach...na bodaich...o bha sin romhainne. Bhiodh iad a' fosgladh nan clèibh a h-uile *weekend* 's a' toirt a' bhiadhastha. Airson nach biodh na clèibh ag iasgach.

JMD: *Air an t-Sàbainn?*

KMK: Sheadh. Air a' *weekend*. Bha iad gam fosgladh Disathairne...bha iad gam fàgail fosgailte 's ged a dheidheadh giomach annta bha iad a' falbh àsta. Sguir sin. [...] Nise nuair a thàinig na h-eathraichean ùra ann a sheo 's ann air a' ringnet a bha iad fhèin...ach tha cuimhn' 'am aon latha a dhol gu taobh Siar an Tairbeart agus bha sinn air tòiseachdainn air a' *midwater* an uair sin.

JMD: *Dè bha sin a-nis?*

KMK: *Trawl*. Dà eathar a' tòbhadh an *trawl*. Bha iad a' startadh air a sin a seo an uair sin. Sin agaibh bha e an aird air a' ringnet agus gheibheadh sibh obrachadh a-muigh air na bunan far nach faigheadh sibh obrachadh leis an ringnet agus bhiodh an sgadan domhain. Chan fhaigheadh an ringnet an sgadan mura biodh e nas àirde na deich aitheamh. Dh'fheumadh an sgadan a bhith na b' àirde na deich aitheamh mus faigheadh an ringnet e. Nise muigh air na sròinean suas...Rubha Chliuthair 's Geocrab 's na h-àiteachan sin bhiodh e a-muigh uaireannan air na bunan agus e shìos aig ceithir aitheamh dheug is còig aitheamh dheug..thòisich iad an uair sin ag usaigeadh a' mhidwater.

JMD: *An e inneal eile a tha seo?*

KMK: 'S e *trawl* a bha seo. *Mid-water trawl* a chanadh iad ris. Bha dà eathar ga obrachadh...ga thòbhadh còmhlà..

JMD: *An e lìon a bh' ann?*

KMK: 'S e, lìon.

JMD: *'S bh' e a' dol na bu doimhne na an fheadhainn eile?*

KMK: Bha. 'S bha *spread* mhòr eadar an dà eathar. Bha an lìon fosgailte.

JMD: *Dè an t-astar a bhiodh eadar na h-eathraichean?*

KMK: O bhiodh faisg cairteal a mhìle tha mi creidsinn.

JMD: *Ma tha bha na lìn sin mòr, mòr?*

KMK: Bha feadhainn dhiubh siud uidhir ri *Hampden Park*. Na feadhainn mu dheireadh a bha iad a obair an seo. O bha. Ach tha mise a' smaoinichadh air mo shon fhèin nach b'fheàrrde an sgadan an seo riamh e.

JMD: *Ma tha bha iad ceart nuair a bha iad rudeigin na aghaidh an toiseach?*

KMK: Bha. Chionn thòisich iad an toiseach le lìn bheaga agus cha robh sin cho dona. Ach thòisich iad an uair sin a' dèanamh mòr na lìn agus a' cur *power* nan eathraichean an àird....a-nise nuair a thachair sin cha robh na h-eathraichean againne a' glacadh an sgadain ann chionn cha robh *power* gu leòr aca...bha an sgadan a' fàs cho cleachdte ris a' phower. Bha e a' teiche agus cha robh na h-eathraichean *powerful* gu leòr airson breith air.

Ach 's ann a bha mi dol a dh'innse bha sinn air an Taobh Siar agus bha ringnet aig an *Scalpay Isle* air bòrd 's bha am *midwater* againne agus saoilidh mi gur e *midwater* a bh' aig an *Jasper* cuideachd. Agus chaidh sinn a-staigh chun an taobh Siar air a latha. O bha sgadan...dìreach an loch làn leis. Chuir an

Scalpay Isle an ringnet 's cha d'fhuair e càil. Bha e *very unusual*. Ach co-dhiù thuirt mise ris “Feuchaidh sinn am midwater.”

“Och cha leig sibh leas am Midwater fheuchainn air an latha” thuirt iad. “Uill, feuchaidh sinn co-dhiù e...faic sinn dè thachras chionn chan eil thu dol a chall càil air.” Tha cuimhn' am fhathast air. Chuir sin far a bheil taigh an *Dotair Wood*...far a bheil *Rosgo* a' fuireach an-diugh...chuir sinn a-staigh *halfway* chun a' chidhe. Dh'èirich e an àird bhàrr na mara an lìon...thug an sgadan a' bhàrr na mara e 's e làn. *Full up*. Aig dà uair feasgar; sin rud eile a bha *unusual*. Ach lìon sinn sinn fhèin agus an *Scalpay Isle*. Cha do lìon sinn an *Jasper* idir ach . Dh'fhalbh sinn an uair sin nuair a bha sinn a' dèanamh ullamh an lìon...chaidh a *Scalpay Isle* 's an *Jasper* a-mach agus chuir iad sin am midwater. Air an dàrna taobh dhan a' *Scalpay Isle* b'fheudar dhaibh tè dha na gallows a thoirt dhi oir 's e rolair a bh' agaibh airson an ringnet agus chan fhaigheadh sibh an lìon a chur leis a' ghallow. Agus bha *gallow* air an dàrna taobh agus bha còig troighean a dh'àirde innte agus bha rolair air an taobh eile 's bha i ìseal agus feumaidh gun robh sin a' cur an lìon a-mach...cha d'fhuair iad càil. Feumaidh gun robh an lìon a' falbh air *angle*. Nuair a chaidh sinne mach air ais chuir an *Jasper* agus bha na gallows sna dhà againne 's chuir sinn 's bha e againn air ais. Bha sinn a-staigh aig a' chidhe ann a sheo aig seachd uaireann as t-oidhche ag iarraidh siogarets agus còrr is seachd ceud crann againn. *Seven hundred crans*. O bha e pailt an uair sin.

Ach tha cuimhn' am sna 1960s ann a sheo ...am meadhan na 60s tha mi creidsinn cha robh sgath sgadain ri fhaighnn mun a seo...cha robh air an taobhsa a-bhos...

JMD: *Dè bu choireach saoil?*

KMK: Feumaidh gun robh *cycle* nach robh e ann...Dh'fhalbh sinn a-null 's chaidh sinn a dh'obair tuath air an Stòr [...] 's na h-àiteachan sin 's thug e an uair sin mu dhà bhliadhna thall a sin...sin far an robh iad ag obair shuas sna *Summer Isles* mar a tha sibh a' dol a-staigh a dh'Ulapul. Loch Bhraoin 's na h-àiteachan sin. Sin far an robh e sna bliadhnaichean sin. 'S ann anns na 70s a thàinig e air ais a seo. Ach an rud a bha còir aig na balaich seo a dhèanamh agus fhuair iad an teansa cuideachd nuair a thàinig am *purse* a dh'obair dha na h-àiteachan seo...bha an *Highland Development Board* ag offereadh dha na balaich dà chriubha agus eathar a dhol dhan an aon phurser agus pursers fhaighinn.

JMD: *Dè bha sin a-nis?*

KMK: Fhios agad ringnet mòr. Na bàtaichean mòra ud. Cha robh aca an uair ud ag obair ach *80 footers*, *90 footers* ag obair...bha 'd ga chur mar ringnet 's ga shlaodadh a-staigh...bha 'd a' tarraing dà *load* san latha a-staigh...bhiodh sin timcheall air dà cheud tunna no mar sin tha mi creidsinn...bhiodh no barrachd nach mi tha gòrach...bhiodh trì no ceithir cheud tunna a h-uile lot. Cha deach duine aca.

JMD: *Cha do rinn iad sin ann?*

KMK: Fhuair iad teansa math cuideachd. Ach thòisich e a' dol sìos ann a sheo anns na *late seventies* an sgadan.

JMD: *Ach chaidh quota a chur air cuideachd nach deacha?*

KMK: Chaidh, agus thàinig a' phrìs aige a-nuas cuideachd.

JMD: *Cuin a thachair sin?*

KMK: O saoilidh mi gur ann sna *very late seventies*. Bha'd an uair sin ga chur air tìr airson *fishmeal*. An rionnach – sin iasg eile a bha a' dol an-seo. Bha 'd ag obair air an rionnach leis a' mhidwater a bha siud. Bha iasgach math math a dol air an rionnach mun aon àm dhan a' bhliadhna.

JMD: *'S an robh an quota a' ciallachadh nach fhaodadh sibh a ghlacadh ach so much?*

KMK: Cha b'fhiach e bhith ris leis a' phrìs. Bha a' phrìs air tighinn a-nuas cho fada 's cha b'fhiach e bhith ris. [...] O sguir iad dheth...cha b'urrainn dhaibh a bhith...

Ach thòisich an uair sin na creachain. Bha iasgach mòr a' dol ann a sheo dhan a' chreachan. 'S ann air a' chreachan in fact a bha sinne nuair a fhuair sinn an t-eathar an toiseach...a' chiad phulag... 's e dredgichean mòra... 's e *solid dredges* air an robh iad ag obair...o bha iad trom, trom, trom...agus bha sinn ag obair air a sin airson bliadhna 's...

JMD: *'S ann air grunn na mara a tha na creachain an ann?*

KMK: O 's ann, 's ann. O bha iad pailt, pailt mun a seo. Bha iad a-mach gu na *Shiants* suas a-mach gu na h-Eileanan 's Bhatarnais...an t-Eilean Sgitheanach..bha iad ann dìreach solid...Nise thòisich iad an uair sin air *spring-loaded dredges*...bha iad sin ag obair air a' chruadhas...nise bha an t-eathar againne...bha sinne air an t-eathar a reic mun do thòisich iad air na *spring-loaded dredges*. Ach saoilidh mise nam biodh na balaich a bha seo...bha duine no dithis aca ann a fhuair *spring-loaded dredges*...rinn iad math dha-rìreabh...nam biodh na doine a fhuair na *spring-loaded dredges* air an cumail bha 'd air a bhith ann fhathast tha mi creidsinn. Bha. Ach bha an creachan air fàs gann an uair ud far a b' àbhaist dhaibh a bhith ag obair air a' ghrunnd ghlan... 's ann air a' ghrunnd...cha robh iad airson an teansa a ghabhail fhios agaibh...ach an fheadhainn o thòisich air rinn iad ionganatas.

JMD: *Cuin a bha iasgach aig àirde ann an Sgalpaigh saoil? Cuin a b'fheàrr a bha an t-iasgach?*

KMK: O uill, 's ann ann an *October 1970* a thàinig an t-eathar againne dhachaigh agus saoilidh mi as dèidh sin gun robh e math... bha na *sixties* math cuideachd ach cha robh na h-eathraichean cho mòr agaibh fhios agad. Cha robh na h-eathraichean a toirt leotha uidhir a sgadan. Ach bha na *seventies* math cuideachd.

JMK: *Fifties, sixties, seventies* bha an t-àite dìreach...

JMD: *Ach thòisich e a' dol air ais as dèidh sin?*

KMK: Thòisich e dol air ais sna *late seventies, eighties*. Thòisich iad an uair sin air na *prawns*. Bha na *prawns* bha iad ann.

JMK: Bha 'd a' dèanamh math air na *prawns* cuideachd.

KMK: O bha. An t-seachdainn a b' fheàrr a bh' againne air na *prawns* chuir sinn bobain orra – sin agaibh lìon a bha a' ruith air a' ghrund chruaidh – 's bha sinn fhèin 's Murchadh shuas a seo anns an aon àite ag aobair agus bha 399 *stones* againn...bha sin *tails*...feadhainn a bha sibh a' taileadh. 'S nam biodh e aig na h-eathraichean a th'ann an-diugh...tha 'd a' cumail *fourteen hundred stones*...tha 'd gan cumail *live* fhios agad 's ...tha 'd gan cur air falbh *live*...bha fada a bharrachd obair ann na bh' aca an-diugh...bha 'd gan cumail ann am basgaidean *live* 's gan cur ann an rud. Chan eil iad a' faighinn faisg dhan a sin an-diugh. Ma gheibh iad even siud an-diugh ...trì cheud de *lives* san t-seachdain 's e iasgach mòr a th' ann. Nise bhiodh 1500 ann a shin nam biodh *tails* agaibh. Thàinig sin air adhart. Bha a' phrìs a' dèanamh *odds* uabhasach.

Ach bha na *Faroese* a bha siud bha 'd a' dèanamh airgead math air an sgadan.

JMD: *Fhathast?*

KMK: O chan eil iad ga dhèanamh an-diugh idir. Nuair a bha 'd a' tighinn a Steòrnabhagh. Seann eathraichean fiodh bha 'd...

JMD: *Cuìn a bha sin ann?*

KMK: '70s a bha siud. Bha 'd an-còmhnaidh a' tighinn a Steòrnabhagh a h-uile bliadhna. O bhiodh agus na *klondykers*. Bhiodh na *klondykers* an Ulapul 's an Ùige an Eilein Sgitheanaich thall. Bha an uair sin fear *Kenny Stewart* 's ann aige a bha an restaurant ud air a' chidhe ann an Ùige an uair ud...an taigh mòr a bha thall 's ann leis a bha e...thòisich e a' ceannach ann an Ùige. Bha e math cuideachd an uair sin Ùige...bha na h-eathraichean a' dol a-null a sin gu *klondykers*...

JMD: *Dè bha sna klondykers?*

KMK: Bha bàtaichean *steel* a bha a' tighinn a-nall às na *Faroes* agus na h-àiteachan sin a' ceannach. *Iceland* 's bhiodh iad ga cheannach 's ga chur sìos dhan toll 's a' freeseadh an sgadain...bha 'd sin a' falbh leis. Bha Crohan [??]...feadhainn às Obar-dheathain air an robh Crohan [??] a' ceannach agus bha companaidh no dhà eile ann an Ulapul a bha a' ceannach ach 's e...mu dheireadh ann a shiud 's e na *klondykers* a bu mhotha a bha a' falbh leis an sgadan. Bha 'd a' toirt air falbh tòrr dheth.

Bha sianar a chriubha anns a h-uile eathar an uair sin. Aig a' ringnet math 's aig na h-obraichean eile 's bha dhà-dheug...bha dhà-dheug an uair sin ann a sheo dha na h-eathraichean mòra a bha sin. Tha sin faisg air 70 ag obair aig an sgadan *alone*.

Thàinig mo bhràthair dhachaigh ann a sheo agus thàinig bràthair Alasdair dhachaigh – Eòghainn – thàinig grunnan dhachaigh an uair sin chun an iasgaich ach saoilidh mise...chan eil fhios agamsa...faodaidh duine an rud a thogras e a ràdh ach saoilidh mise nach ann *over-fished* a tha an t-iasgach idir. 's dòcha gu bheil *to a certain extent*. Na clèibh a tha siud gun teagamh agus na *prawns*...ach saoilidh mi gur e *sea temperature* as coireach ris mar a tha an t-iasgach an seo an-diugh...gu h-àraid an giomach...

JMD: *A bheil e a' fàs nas blàithe?*

KMK: O fada nas blàithe. Bha mise ag obair ann am bàta *Norwegian* a' tarraing *salmon* a-staigh dha na *factories*...a' chiad bhliadhna a thàinig iad a-nall ann a sheo anns a' gheamhradh bha e -2 agus -3 anns a' gheamhradh, an t-uisge...chan eil e a-nise a' dol fo 6 is 7. Tha sin a dhiffference ann ann an còig bliadhna anns a' *sea temperature*. Agus nuair a bha sinn thall ag obair ann a shiud ann an ceann a tuath *Norway* th' e an-còmhnaidh anns a' gheamhradh minus...tha e a' dol ìseal, ìseal...'s tha an trosg ann cho pailt 's a bha i riamh 's an t-iasgach sin. Nis ann an ceann a deas *Norway* far a bheil an *temperature* nas àirde chan eil an t-iasgach idir ann. Saoilidh mise gu bheil tòrr aig a siud ri dhèanamh ris...aig a' *sea temperature*. [...]

Am bliadhna tha 'd a' call an t-uamhas *salmon*. *All over*. Bha 'd ga chall an *Norway* cuideachd agus tha 'd a cumail a-mach gur e *sea temperature* a th' ann. Ach tha mi làn cinnteach gu bheil e ag affecteadh a' ghiomaich.

JMD: *'S toil leis àite fuar?*

KMK: 'S toil, 's toil. Nise, gun teagamh tha e a' tighinn air adhart ann an ceann an iar Uibhist am-bliadhna ann a shin shuas. Tha agus an *Gulf Stream* tha siud a' shifteadh.

JMD: *Tha a h-uile càil a th' ann. Dh'fhaodadh buaidh a bhith aig na rudan sin.*

KMK: Dh'fhaodadh *cycles* a bhith ann fhios agad.

JMD: *Nuair a thòisich sibhse an toiseach an ann air an sgadan a bha sibh ag obair?*

KMK: Nuair a thàinig sinne dhachaigh an toiseach cha robh *partner* idir againn leis an eathar. Bha am *Britannia* 's a' *Vigilant* ag obair còmhla ri chèile.

JMD: *Dh'fheumadh sibh dà eathar airson an ringnet?*

KMK: O dh'fheumadh. 'S bha am *Majestic* agus an *Rìbhinn Donn*. Bha feadhainn eile ann air chùl sin ach siud agad na h-eathraichean mòra. 'S bha an *Scalpay Isle* agus an *Jasper* ag obair còmhla ri chèile. Nuair a thàinig sinne dhachaigh

cha robh mise cinnteach dè ghabhadh àite. Bha sinn a' *meanagal* a dhol chun a' chreachain. Chaidh sinn thuige cuideachd chun a' chreachain a bha sin... bha sinn a-staigh an oidhche a bha seo agus thàinig sgiobair an *Scalpay Isle* a-nall. Cha robh mise a-staigh... 's e 'm athair a bha staigh agus thuirt e an deidheamaid a-mach còmhla riutha. Uill, thuirt mise ris "Chan eil mise airson a dhol a-staigh far a bheil eathraichean còmhla mar-thà idir. Thig sinn a-staigh air aon chondition nach bi duine a' complaineadh gu bheil sinn a' dol còmhla ri chèile." Chaidh sinn an uair sin a-mach còmhla ris a' *Scalpay Isle* agus an *Jasper*; bha sinn *threesome* fad an t-siubhal. Bha gun do sguir an ringnet. Bha na trì sin ag obair cuideachd.

JMD: *An e an-còmhnaidh sgadan a bha sa ringnet?*

KMK: 'S e. Gheibheadh sibh rionnach ann cuideachd ach 's e am *midwater* a bha iad ag usaigeadh bu trice airson an rionnach.

JMD: *A bheil an rionnach a' dol sìos nas doimhne?*

KMK: Chan eil, ach tha e nas luaithe. Tha e nas duilghe a ghlacadh na an sgadan. Chan eil an sgadan ach a' falbh na chnapan. Nise a' chiad bhliadhna a thòisich an sgadan an seo an dèidh a bhith gann ann thòisich e shuas ann an Loch a Chàrnain an Uibhist... 's dòcha gun robh e deas air a sin cuideachd ach siud far an do thòisich sinne. Dh'obraich e a-nuas a h-uile loch. Loch nam Madadh, Bàgh a' Chàise, Ròghadal 's na Bàigh... *all the way*... 's thàinig e ann a sheo a-staigh deas air Sgalpaigh... Loch Sìophort agus stad e ann an Loch Eireasort a-mach à Steòrnabhagh. Bha iasgach mòr, mòr a' dol. Ach 's e bliadhnaichean sona a bh' ann an uair sin. Bha an t-àite *bright*.

JMD: *Bha, tha mi creidsinn.*

KMK: Tha cuimhn' am a dhol a Mhalaig agus 's ann anns an *Joanne* a bha sinn an uair sin agus bha na bodaich a bha seo a-muigh anns an *Scalpay Isle* a reiveadh nam balaich òga... dithis aca... agus o fhuair sinn droch oidhche a' dol tarsainn ann... dìreach gèile. Bha na h-eathraichean beaga ud. Bha an sgadan a' gluasad annta... *bha e washed*. Bha e dubh fhios agad. Cha robh lannan no càil air. Chaidh sinn a-staigh a Mhalaig co-dhiù 's bha 'd a' cruinneachadh na sampalls an-còmhnaidh. Sin an rud a bha sinn a' cur chun a' mhargaid airson a reic. O bha 'd an-còmhnaidh a' pickeadh rud math airson seo.

[...] Thuirt fear dha na balaich ris gun do bhàsaich fear dha na *buyers* ann am Malaig agus gun robh an tiodhlagadh aige ann ach gum faodamaid tòiseachadh a' dischargeadh an sgadain... o uill... Bha an sgadan dubh a' dol air tìr anns na basgaidean! Thigeadh e a-nall os cionn a' bhàta 's e ag ràdh "Greasaibh oirbh! Ach am faigh sibh air tìr e mus tig iad air ais!" 'S e castadh a bh' aca an uair ud... nuair a bha iad a' diùltadh... nuair a bha iad a' dèanamh a-mach nach robh an sgadan cho math 's a bha an sampall aige. Bha 'd ga chastadh... a' leagail na prise. Bha eagal air mo mhate gun toireadh iad sìos a' phrìs. "Cuiribh air tìr cho luath 's is urrainn dhuibh mus tig iad air ais!"

JMD: *Ha ha! 'S tha an sgadan a' dol dubh?*

KMK: O tha. Ma tha e ag obrachadh idir anns an eathar. Seall an-dràsta an sgadan a gheibh sibh an-diugh aig [...] ann an Steòrnabhagh. Chan faigh sibh sgath lann air. Tha 'd ga chumail *24 hours* ri taobh a' bhàta a' snamh timcheall ach am falbh an seed air fad às..gun glan e e fhèin a-mach. Sin as coireach nach eil lann air an sgadan a gheibh sibh an-diugh. Nise bha na h-eathraichean. Ma bha iad a' faighinn obrachadh idir bha e a' fàs dubh.

JMD: *Cha robh iad airson sin?*

KMK: O bha iad *dead* an aghaidh sin. “Air tìr e!”

JMD: *Matha 's e an sgadan a bu mhotha a bha 'd ag iasgach ann a sheo?*

KMK: Uill, 's e. 'S e as a' gheamhradh co-dhiù. Ach bha' d air na *prawns* as t-samhradh gun teagamh. Cha robh samhradh math airson an sgadain idir. 'S e an geamhradh an-còmhnaidh airson an sgadain. Bhiodh iad aig na *prawns* no aig na creachain.

JMD: *Agus na giomaich?*

KMK: Bha sinne aon bhliadhna aig na giomaich leis an eathar mhòr. Sinn fhèin agus an *Scalpay Isle*. Bha aona bhliadhna fhuair sinn trì cheud cliabh a-nall à Èirinn. Agus chaidh sinn a-mach. Clèibh chruinn air an dèanamh le *wire-netting*. O Thighearna nuair a thàinig iad bha 'd ag ràdh “Cha dèan seo iasgach giomach gu sìorraidh”. Chuir sinn a-mach iad co-dhiù. Bha an *Scalpay Isle* ag obair aig na h-Eileanan 's bha sinne ag obair à Leòdhas a-nuas. O bha iad pailt. Bha iad pailt, pailt. Bha *pond* co-dhiù aig an *Scalpay Isle* thall ann a sheo [...] Fhuair sinne pond bho MacSween a bha a' ruith a' *ferry*. Bha pond aca air an eathar a-muigh ann a shin ann an Rathaileam. Chuir sinn air dòigh i agus thòisich sinn a' cur ann. Agus bha trì cheud gu leth dusan againn innte aig *Christmas* aig àm a reic. 'S e iasgach mòr mòr ghiomach a bha sin. A-nise an *Scalpay Isle* bha sin co-dhiù aice mura robh beagan a bharrachd aige. Ach 's e aon bhliadhna a bha sinn aige agus thòisich sinn air a' phrawn. Ach bha iad cunnartach aig a' chladach na lìn mhòra. Bha 'd cho domhain fhios agad. Bha iad duilich an obrachadh aig a' chladach fhios agad. Nise reic Muma an t-eathar agus fhuair e tè bheag. 32 footer. Ach bha iasgach mòr, mòr a' dol air a' ghiomach air a' bhliadhn' ud.

JMD: *Cuin a bha sin ann?*

KMK: Saoilidh mi gur e '74 no '75. [...] '75. Nise bha iasgach mòr a' dol air a' ghiomach a-sin cuideachd. Am fear ud aig an robh an *Scalpay Isle*, Fionnlagh [...] bha esan aig a' ghiomach bliadhnaichean an dèidh sin.

JMD: *Agus bha sibh a' bruidhinn air na deiseagan.*

KMK: Bha. A-nise seo rud eile. Nuair a dh'fhalbh an t-eathar againne chaidh mise a-mach as an *Agate*..an t-eathar a bh' aig Dòmhnall shìos ann an Rubh nan Cudaigean ann a sheo agus bha mi innte nuair a bha a phiuthar bochd thall a seo...chaidh mi mach leatha...agus bhàsaich a phiuthar agus bha e dreiseag a-staigh. Agus 's ann air a' chreachan a bha sinn an uair ud... bha iasgach mòr mòr a' dol air a sin a-nise [...] ceithir bliadhna no còig bliadhna. Bha sinn air an taobh sear dà shèisean ag obair a-mach à *Wick 's Thurso 's Scrabster*. Bha iasgach math a' dol a sin cuideachd. Nuair a thàinig mise dhachaigh an uair sin chaidh an *Agate* a reic. Thàinig mise dhachaigh an uair sin agus chaidh mi a-mach còmhla ri balaich Dhòmhnail Bhig anns a' *Watchful*. Bha sinn chun nam *prawns*...ag obair le clèibh...A bhliadhna a chaidh mise a-mach innte 's e 500 cliabh *prawns* a bha sinn ag obair. 'S bha sinn ag obair shuas aig Ròghadal 's bha sinn a' faighinn 40 is 50 *tubes a day*. Sin na *plastic tubes* a th' aca an-diugh Bha a deich gu deugnachadh dhiubh sin *large*, bhiodh mu 20 *medium* agus an còrr *smalls*. Tha iad ag obair an-diugh...thòisich iad a' cur an àird nan clèibh an uair sin. Cha robh sibh a' buannachd càil air. Bha sibh a' faighinn pailt cho math ach bha sibh ag obair a dha uidhir a chlàibh. Bha sibh ag obair a dhà uidhir a chlàibh. [...] Tha a-nis 3000 cliabh aca. Chan eil iad a' faighinn aon bhogsa *large* san latha. Chan eil iad a' faighinn de mhediums...*smalls* a' chuid as motha a tha iad a' faighinn. Tha sin ag innse mar a tha iad a' spiolladh a' ghrund. Sin aon rud a tha *overfished definitely* an seo...na *prawns*. Nam biodh iad air na clèibh fhàgail aig 500 an t-eathar bha 'd air a bhith pailt cho math dheth saoilidh mise. [...]

Nise tha na deiseagan an aon rud. Bha na balaich a bha anna sheo ag obair an deiseagan an toiseach...cha robh aca ach ceud cliabh. Sia fichead feadhainn aca. Tha eathar no dhà ann an-diugh 's tha dhà 's a trì cheudan clèibh aca airson nan deiseagan. Tachraidh an aon rud dha na deiseagan 's a thachair dha na *prawns*. 'S e an t-iasgair fhèin - *greed*. Sin dìreach a th' ann.

JMD: *Ag iarraidh cus.*

KMK: Ag iarraidh cus. Bhiodh iad fada na b'fheàrr an rud a rèiteach a-mach so much clèibh an t-eathar a bhith aca agus obrachadh mar sin. Mura dèan iad sin bidh an deiseag mar a tha an còrr tha mi creidsinn.

JMD: *Cuìn a thòisich iad air na deiseagan?*

KMK: O tha dreis o thòisich na deiseagan. Nuair a reic sinne an t-eathar ann an 19... Aona bliadhna' deug air ais. Cheannaich mo bhràthair an uair sin eathar beag airson deiseagan agus thòisich iad an uair sin orra. Bha nise feadhainn ag obair orra rona sin ach siud nuair a thòisich iad in earnest orra.

JMD: *Ach rona sin bha 'd gan cath a-mach?*

KMK: O bha. Na seann daoine a bhiodh aig na giomaich...o bha 'd gan cath a-mach air a' mhuir. [...]

Bha na bodaich uaireigin ann a sheo bha an grunn aca air a roinn. Bha an grunn air a roinn. Bha àite fhèin aig a h-uile h-eathar. Tha mi

smaoineachadh gun robh trì eathraichean a' dol a-mach dha na h-eileanan..chan eil mi cinnteach an robh ceithir ann...bha mo sheanair a' dol ann agus bha a dhà eile dol ann.

JMD: *Dè na h-eileanan tha seo?*

KMK: Na *Shiants*. Na h-Eileanan Mòra. Bha a' ghrunnnd fhèin aig a h-uile h-eathar ag obair.

JMD: *'S bha agaibh ri cumail ris na h-àiteachan sin?*

KMK: O Thia nan steapadh sibh a-mach...o bha iad siud a' cumail ris...A-nis bha bodaich ann a sheo agus 's ann an Leòdhas shuas a bha iad ag obair. [...] Bha 'd an uair sin a' watcheadh gnothaich. Ach cha robh còir aca riamh leigeil leis na h-outsiders a tha siud a bhith a' cur an àird àireamh nan clèibh. Bha còir aca a bhith dìreach air stad a chur orra...ach bha *Western Isles Fishermans Association* a bha siud, cha robh iad a' dèanamh càil mu dheidhinn.

JMD: *'S bha feadhainn a' tighinn a-steach às àiteachan eile?*

KMK: O bha. Tha 'd ann a shin ag obair a-muigh an iar Hiort ann a shin a' tighinn a-nuas à *Guernsey* 's dà mhìle cliabh aca ag obair ann all the time. Sìos chun a' Bhutt. 'S tha eathar à *Orkney* ag obair ann fad na bliadhna. Bidh iad a' marbhadh an rud as fheàrr a-muigh. Chan eil e a' faighinn teansa tighinn chun a' chladaich ann.

Bha sinne ag obair aig Ròghadal shuas agus fhuair iad *cow-hide*. 'S e sgadan sailhte a bha sinn ag usaigeadh all the time airson am biadhadh. Chunnaic iad seo *advertised* anns a' *fishing news* agus fhuair iad e airson na *prawns*. Craiceann mairt agus bh' e air a' rudanachadh...chan eil fhios am dè bha air a chur air...dh'fheuch sinne aig Ròghadal shuas e...gu sealladh orm...Nam faigheadh sibh dà thube no trì *tubes* leis an sgadan gheibheadh sibh a sia leis a' chow-hide.

JMD: *Bha 'd miannach air!*

KMK: Agus rud eile dheth – bha e a' mairsinn sia seachdainnean anns na clèibh. Cha robh sibh ga shifteadh ach a h-uile còig seachdainnean neo sia seachdainnean. Nise bha sibh a' biadhadh an sgadain gach dàrna latha...Bha 'd ga ithe ach bha e daor. Bha e daor, daor a cheannach. Ach bha e math, math air iasgach.

JMD: *An robh an t-iasgach anns an teaghlach agaibh fhèin a' dol air ais ginealaichean?*

KMK: Uill, bha m'athair dreiseag aig an iasgach aig na driofths *alright*. Ach a-nise, bha rona sin...An t-eathar a bh'againne a' *Village Maid* 's ann aig bràthair mo sheanmhair a bha i. Sin an t-ainm a bh'oirresa. Fhios agad 's ann aig Dòmhnall Fionnlaigh a bh' i. [...] A-nis bha dà eathar eile taobh mo sheanar....bha am *White Heather* aige agus bha an *Daffodil* aige...bha na dhà

sin aige agus bha eathraichean beaga aca air chùl sin. O bha an t-iasgach anns na teaghlaichean a-nuas... bha.

JMD: *Bha sibh ag ionnsachadh o bha sibh beag bìodach?*

KMK: O bha daoine anns na h-eathraichean ann a sheo o bha 'd. [...]

Agus sin rud eile. A' bhliadhna as dèidh dhuinne an t-eathar fhaighinn...rona sin cuideachd...bha na h-eathraichean beaga a-mach far a bheil a' *ferry* 's am factaoraidh ann a shin...suas all the way gu Sgeotasaidh...bha 'n adag ann *thick and heavy*. Cho tiugh ri tiugh, Bhiodh iad ga faighinn le duirgh, bhiodh iad a' dol a-mach leis na lìn bheaga... 's ..truisg...*codlings* bheaga 's a h-uile seòrsa. Sin an t-iasgach a bha seo an uair sin. [...]

Chaidh sinne chun an Tairbeart an oidhche bha seo 's bha sinn dol a chur shuas aig a' chidhe Ach chuir sinn co-dhiù...bha sinn a' towadh an lion airson fichead mionaid sìos gu Sgeotasaigh, that's all. Bha 20 *boxes de dover sole* 's *lemon sole* innte, bha fichead bogsa adag innte 's bha *fifteen stone* de phrawns innte. Ann an Loch an Tairbeart. Bha sin ann an 1973 no '74. Ach dh'fhalbh sin...dh'fhalbh sin. Dh'fhalbh e. [...]

Aig Ròghadal bha sinn ag obair aig Ròghadal leis an *trawl*. Bha sinn a' faighinn ceud bogsa is sia fichead bogsa trosg as t-earrach... *March, April*. 'S cha robh bàtaichean ag iasgach aig Ròghadal ann a shin matha. 'S dòcha gun robh iad ga iasgach aig tìr mòr ach bha siud aig Ròghadal. Bha e a' tighinn ann aig an aon àm a h-uile bliadhna...an trosg a bha sin.

JMD: *Agus ciamar a bha a' bhliadhna ag obair matha, can o thoiseach na bliadhna suas gu deireadh na bliadhna? An robh sibh ag iasgach airson rudan eadar-dhealaichte?*

KMK: O bha. 'S ann an-dràsta timcheall air *September* tha mi a' smaoinichadh...*October, November, December...December 's January 's February*...sin na mìosan a b'fheàrr a bh' aig an sgadan...nuair a bha i a' fàs dorcha luath. Bha an sgadan an uair sin. Nise as t-samhradh 's e *either* na *prawns* no na creachain. Bha feadhainn aig na *prawns* agus feadhainn aig na creachain. Bha sin bho sguireadh sibh ann am *March, April* 's bhiodh iad an uair sin gan toirt air tìr airson am peantadh. Bhiodh iad ullamh gam peantadh a h-uile bliadhna mu Mhay 's bha 'd an uair sin a' dol chun a' phrawn gun tigeadh àm an sgadain a-rithist sa gheamhradh.

JMD: *'S bhiodh sibh gam peantadh uair sa bhliadhna?*

KMK: O bha. A h-uile bliadhna bha 'd gam peantadh. Bha 'd gan cur air tìr an seo fhèin...Bha an criubha air fad timcheall orra gam peantadh. O bha 'd air an cumail math...O 's e eathraichean matha a bh' annta. Chaidh 1,2,3,4...5. Chaidh còig dha na h-eathraichean an seo a thogail ann an Giorbhan tha mi smaoinichadh.

Chaidh còig a seo a thogail ann an Giorbhan tha mi smaoinichadh.

JMD: *Cò às an tàinig an t-eathar a bh' agaibh fhèin?*

KMK: Giorbhan.

JMD: *An d'fhuair sibh ùr i?*

KMK: Fhuair. *Brand new from the stock.*

JMD: *Dè cho mòr 's a bha i?*

KMK: Trì fichead troigh.

JMD: *Tha sin mòr. Sin a' Village Maid?*

KMK: Aidh. Bha 'd an uair sin... 's e £38,000 a bha na h-eathraichean ud an uair sin. Nam biodh sibh dol gan togail an-diugh bhiodh iad millean not. Faisg air millean not.

JMD: *An e sin a' chiad eathar a bh'agaibh dhuibh fhèin?*

KMK: 'S e.

JMD: *Cà robh sibh ga reic matha, an t-iasg?*

KMK: Steòrnabhagh.

JMD: *Steòrnabhagh an-còmhnaidh?*

KMK: Uill nuair a bha an sgadan a' dol bhiomaid a' dol a Mhalaig 's Ulapul 's Ùige. Nam biodh sibh ag obair aig deas air an trawl cuideachd bhiodh sibh a' reic ann am Malaig. Nise cha robh factaraidh Bharraigh air tòiseachadh an uair ud idir nuair a bha sinne ag obair. [...]

'S e sin iasgach eile a bh' ann a sheo dreis ach cha robh e fada ann, am *pout*. *pout...Norwegian pout*. O bha e *terrible*.

JMK: O an sabh!

KMK: O bha e *terrible*. *Sand eels* cuideachd. Tha iad a' cumail a-mach nach robh e mat a bhith ag iasgach nan *sand eels* nas motha.

JMD: *A food chain 's a h-uile càil. [...]*

JMK: 'S e làithean matha a bha sin.

KMK: Chan eil fhios 'am dè chanadh na cailleachan mun t-*salmon* nam biodh iad beò!

JMD: *Chan eil fhios 'am! Nuair a bha sibh ag iasgach an uair ud, co mheud criubha a bha sa Village Maid?*

KMK: Sia. Sianar a chriubha.

JMD: *Sianar.*

KMK: Sianar a chriubha. Bhiodh sianar an-còmhnaidh ann *all the year round*. Nam biodh sianar ann bhiodh iad a' cumail an t-sianar aig na *prawns* cuideachd. Chan eil an-diugh sna h-eathraichean ach dithis. Chan eil an obair an-diugh ann. 'S e an taileadh a bha siud. 'S e taileadh nam *prawns* a bu mhiosa dhut. Bha *job* air an taileadh a bha siud.

JMD: *Ciamar a bha sibh a' roinn an airgid?*

KMK: Bha *percentage* a' dol chun an eathair. Bha an toiseach *fuel* agus am biadh agus na h-*expenses* air a chumail às. Saoilidh gur e 35% a bha a' dol chun an eathair agus an còrr ...Bha iad a' dèanamh cosnadh math. Tha cuimhn' 'am ann a sheo aon oidhche chaidh aona bhalach a-mach an àite mo bhràthair. Bha sin ag obair air an sgadan....[...] Chaidh am balach sin a-mach aon oidhche agus fhuair e £720 airson an aon oidhche. Fhuair e £720. Bha na trì againn làn. Sin mar a bha. Nam faigheadh sibh làn nan eathraichean...

JMD: *Bha trì eathraichean ag obair còmhla?*

KMK: Bha.

JMD: *'S bha a h-uile duine a' faighinn sin?*

KMK: Bha. Nam faigheadh aon duine e gheibheadh an còrr e.

JMD: *'S e airgead mòr a bha sin.*

KMK: 'S e san lath' ud.

JMD: *Fìù's an-diugh fhèin tha e glè mhath sin fhaighinn ann an latha!*

JMK: Of course a ghaoil, tha.

KMK: Nan amaiseadh sibh an-dràsta a dhol a Steòrnabhagh agus prìs mhath fhaighinn air... 's e crann air an robh iad ga reic...fhios agad...ceithir basgaidean.

JMD: *Feumaidh sibh innse dhomh mun a seo a-nis...mar a bha iad ga thomhais.*

KMK: 'S e ceithir basgaidean, crann.

JMD: *'S dè cho mòr 's a bhiodh a' bhasgaid?*

KMK: Cha robh ach...

JMK: Basgaidean mònachd.

KMK: 'S e basgaidean cane a bh'annta.

JMK: Thèid mise a dh'iarraidh basgaid dhut.

KMK: Sin a *size* a bh' annta an car àirde. Bha ceithir aca sin a' dol dhan chrann sgadain.

JMD: *Ceithir dhiubh sin – sin crann?*

KMK: Nam biodh 100 crann agaibh bhiodh 400 basgaid agaibh. Nam biodh 200 crann agaibh bhiodh 800 basgaid agaibh....[...] Nise uaireannan 's dòcha gum faigheadh sibh £20 an crann can, air an sgadan agus nam biodh 200 crann agaibh sin £4000 airson an aon eathar airson an aon eathar ...airson an aon seot. Nise bha 6 crainn a' dol chun an tunna...*more or less average. 6 crans to the tonne.*

JMD: *Bhiodh an deagh chuid sgadain ann am basgaid matha?*

KMK: Bha e a' dependeadh. Tha an sgadan *varying* ann an *sizes*.

JMD: *Tha.*

KMK: Bha lochan ann agus bha sibh a' faighinn sgadan na b'fheàrr ann na gheibheadh sibh ann an lochan eile. 'S dòcha aig àm àraid dhan bhliadhna. Sgadan an t-samhraidh an-dràsta bha e mòr, mòr.

Sin rud eile a bha iad a' dèanamh as t-samhradh bhiodh iad a' bhogsadh an sgadain. Bhiodh bogsaichean aca oir cha robh e a' glèidheadh 's bhiodh iad ga bhogsadh.

JMD: *Le deigh?*

KMK: Cha robh iad a' cur deigh idir air ach dìreach ga bhogsadh agus o bha na bàtaichean mòra tha mi creidsinn ach na h-eathraichean beaga cha robh rùm agaibh ann...bha e a' cumail na b'fheàrr. Bha feadhainn aca ...bheireadh e leis barrachd air basgaid, am bogsa. O bha *job* air a' bhogsadh a bha sin nuair a bha sibh ag obair anns na tuill aca...bha sibh a' bhogsadh ceithir fichead crann.

KMK: Bràthair *John Norman MacSween* bha e na mhinistear sna *Gorbals* ann an Glaschu ...o dè a' ghràin a bh' agamsa nuair a bha e a' tighinn dhachaigh. A h-uile feasgar bhiodh e a-nuas 's a' dol a-mach a dh'iasgach. Cha tigeadh e dhachaigh gu siorraidh ged a bhiodh e muigh gu...

Bhithinnsa a' toirt dha *hand* dha thoirt a-nuas ach bhithinn ga fhàgail ann a shiud air a' chladach. Bhiodh e a' slaodadh suas dhachaigh ann a shiud agus a' gearradh an èisg 's ga shailleadh...bhiodh na bogsaichean aige a' falbh a-mach gu na cailleanach sna *Gorbals* leis 's ga thoirt dhaibh.

Bha cuideachd iasgach nan lìn mhòra a' dol ann a sheo cuideachd... 's e iasgach nan lìn mhòra a chanadh iad riutha...[...] 's dòcha gum biodh iad a' falbh a-mach as t-earrach ann a seo 's gan cur a-muigh air na bancannan...am banca deas a-muigh an seo...bh' e math, math air iasgach...rubha eile agus a-mach à beul Greòsabhaigh agus a-mach a' Ghil a Tuath...bhiodh iad a' faighinn trosg 's easgannan 's langa...o bha iad a' faighinn iasgach mòr leotha...bha sin a' dol cuideachd aig na h-eathraichean a bha'ann sna *early fifties agus late forties*...bhiodh iad gam biadhach le sgadan...dàrna leth an sgadain a' dol air an dubhan agus bhiodh iad gam fàgail a-muigh fad na h-oidhche... 's a' dol thuca sa mhadainn...o tha cuimhn' agamsa bha m'athair a-muigh anns a' *Mharia*...eathar a bh'aig *MacLeod* nuair a bha iad a' dol chun an Tairbeart...ferry a bh'innte... bha iad ag obair air an Tairbeart aon gheamhradh leatha...bha'd ag obair air na lìn mhòra a' bhliadhn' ud...o bha an t-iasg pailt...bha an trosg *beautiful*...bha iad ga sgoltadh agus bha an t-iasg cho geal ris a' phàipear...driubhas bha 'd ga ithe agus ceann gropaig...o

JMK: O 's e bha math.

KMK: O bha an t-iasg ud *fresh*...bha iasg an dubhain fresh co-dhiù. Bha iad ag obair air a sin bliadhnaichean.

JMD: *Ciamar a-nis a bha an latha a' dol seachd dhuibh air bòrd? Cuin a bha sibh a' tòiseachadh anns a' mhadainn agus dè an routine a bh' agaibh?*

KMK: Aig an sgadan bha sibh a' dol fad na h-oidhche...

JMD: *An ann air an oidhche a bu mhotha a bha sibh?*

KMK: 'S ann. Bhithinnsa a' dol dhan taigh-chuibhle nuair a dh'fhalbhainn às a seo 's bhithinn ann uaireannan gu seachd uaireann sa mhadainn. *Straight through the night* mura deidheadh tu sìos a ghabhail na teatha...cupa teatha...O bha uaireannan fada ann...

JMK: Cha bhiodh sibh a' falbh gu sia uaireann as t-oidhche fhios agad?

JMD: *O seadh.*

KMK: Dìreach nuair a bha an oidhche a' tighinn...ach nuair a bha sibh a' falbh gu àite a bha pìos às. Ach bha siud fad na h-oidhche...ach leis a phrawn bha sibh uaireannan a' dol dhan leabaidh 's bha sibh an àird air ais aig *half past three*...

...ach bhithinnsa a' dol dhan leabaidh cho luath 's a tharraingeamaid an lion air an oidhche..bhiodh na balaich ag obair...bhithinnsa a' dol air *watch* nam ònrachd 's bhiodh na balaich a' dol gu h-iseal...sin mar a bha.

JMD: *'S bha leapannan air bòrd?*

KMK: O bha *accommodation* snog againn. Bha sia leapannan 's *cooker* 's *toilet* 's a h-uile càil. Bha *accommodation* math annta...ach a-nise na feadhainn mu

dheireadh a chaidh a dhèanamh ann a sheo 's ann *aft* a bha an *accommodation* annta...shìos anns an deireadh aca... Bha iad sin fada na bu chomhfhurtaile...bha an *accommodation* mì-chomhfhurtail anns a toiseach aca...bha e fada na bu chomhfhurtaile anns an deireadh aca...

JMD: *'S dh'fheumadh cuideigin a bhith air watch an-còmhnaidh?*

KMK: O bha cuideigin air *watch* an-còmhnaidh. Bha e fada a' *watch* a bha siud air a' phrawn anns na madainnean. Bhiodh iad a' tòbhadh 'son ceithir uaireannan a thìde. Bha sibh na ur h-ònrachd shuas. [...]

JMD: *Agus am biodh sibh a' cadal tron latha matha?*

KMK: O bha, nam biodh tu air a Ringnet tron oidhche bha thu a' dol innte dreiseagan tron latha, bhiodh. [...]

JMD: *Dè cho fada a-muigh 's a bhiodh sibh a' dol?*

KMK: O chan robh sinne ag obair air a' phrawn ach a-mach aig...bhiomaid ag obair thall aig an Stòr ann a shiud...sin a b'fhaide a bhiodh sinne a' dol... agus suas aig na *Hillies* aig Ceann Bharraigh...bha sin an deagh splaoid às...Bha e mu ochd uaireann a thìde no naoi uaireann a thìde às a seo...

JMD: *'S am biodh sibh a' dol a-mach chun an Eilein Sgìtheanaich cuideachd?*

KMK: Bha iad ag obair a-null a sin cuideachd.

JMD: *Dè cho fada deas 's a bhiodh sibh a' dol?*

KMK: Ceann Bharraigh agus ag obair a-null gu Tiriodh. Bha sinn ag obair air a' chreachan aig Banca Cholla...*Coll Bank*. Bha sinn shìos ag obair air a' chreachan a-mach às an Òban... sìos chun a' *Sound of Jura* ann a shin...

JMD: *Am biodh sibh a' dol a-mach gu ruige Hiort uair sam bith?*

KMK: Cha robh sinn a' dol a-mach dhan a sin idir. 'S e glè bheag de dh'iasgach a bha sinn a' dèanamh air an taobh sin. [...]

DISK ENDS

